

CUAIRT-LITIR Earrach 2009



Luchd-buannachaidh
nam Farpaisean

Duilleag 2



Criomagan Duilleag 4

Farpaisean	2
Ann s a' bheairt	3
Criomagan	4
Farpais ùr	5
Stuthan ùr 1	6
Stuthan ùr 2	7



CUAIRT-LITIR Earrach 2009

Luchd-buannachaidh nam Farpaisean...



Aig toiseach na bliadhna chaidh cothrom a thoirt do sgoilearan ann an àrd-sgoiltean agus bun-sgoiltean air feadh na dùthcha beachdan a thoirt dhuinn air na leabhraichean ficsein againn fhèin, agus leabhraichean san fharsaingeachd. Chaidh a h-uile foirm a bh' air a thilleadh thugainn dhan aid agus chaidh dà ainm a thaghadh aiste – sgoilear bun-sgoile agus sgoilear àrd-sgoile. B' iad an luchd-buannachaidh:

Fionnlagh Lawson bho Bhun-sgoil Chrois na Cise ann an Dùn Èideann
Ross Courtney bho Àrd-sgoil Ghàidhlig Ghlaschu

Bhuannaich Ross agus Fionnlagh eàrlais leabhraichean dhaibh fhèin, agus dha na sgoiltean aca, bhon chompanaidh Edujam, bogsaichean làn innealan airson fuaim a chlàradh. Tha sinn an dòchas gun còrd e ris na sgoilearan a bhith a' cleachdadh nam bogsaichean agus tha iad làn di-beathte aithrisean-naidheachd no rud sam bith eile a chruthaicheas iad leotha a chur thugainn aig Stòrlann!

Ar taing dhan a h-uile duine a chuir thugainn foirm. Tha sinn a' cur luach air na beachdan agaibh agus cleachdaidh sinn iad seo gus na leabhraichean againn a dhèanamh nas fheàrr anns an àm ri teachd.

*Ann an dealbh seo chì sibh **Fionnlagh** a' cumail grèim aig an eàrlais leabhraichean aige fhad 's a chumas a charaidean bho Chlas 3 ann an Crois na Cise grèim air na stuthan-clàraidh. Còmhla riutha tha **Christine NicLeòid**, an tidsear aca. Air T.D. 1 tha **Ross** còmhla ri **Donald McCComb**, Ceannard Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu agus **Màiri Kidd**, Ceannard Stòrlann.*



Nach math a rinn iad!

Farpaisean
Ann an a' bheairt
Criomagan
Farpais ùr
Stuthan ùra 1
Stuthan ùra 2

www.storlann.co.uk
www.anseotal.org.uk
www.gaelic4parents.com





An t-Alltan: cinn-latha airson 2009!


Bidh 'An t-Alltan' air a chumail ann an Ionad-stiùiridh Shruighlea aig Oilthigh Shruighlea air **7 agus 8 Dàmhair** 2009. Thathar trang a' dealbh a' phrògram an-dràsta agus bithear a' toirt suil gu sònraichte air cànan ach tha cothrom ann fhathast fios a leigeil thugainn ma tha sion sònraichte a bu mhath leibhse fhaicinn air a' phrògram. Cuir post-d thugainn air oifis@storlann.co.uk

Cothrom-trèanaidh do sgrìobhadairean...

An aithne dhut duine aig a bheil ùidh ann an sgrìobhadh mar obair phàirt no làn-ùine, no a bheil agad fhèin? Tha Stòrlann a' ruith cùrsa do sgrìobhadairean anns an Taigh-òsta ainmeil **The Ceilidh Place** an **Ulapul** air **14 - 18 Sultain** a bhios an asgaidh don luchd com-pàirt. Cha leig thu a leas ach CV agus litir a chur thugainn ag innse dhuinn carson a tha ùidh agad sa chùrsa, agus beachd airson sgeulachd ghoirid do dheugairean. Iarraidh sinn air an fheadhainn a ghabhas pàirt a bhith ag obair air sgeulachd ghoirid stèidhichte air a' chiad beachd seo tron t-seachdain, le taic bhon luchd-treòrachaidh, agus clò-bhuailidh sinn na sgeulachdan ann an cruinneachadh ùr ann an 2010.



Tuilleadh fiosrachaidh bho sarahmaceachen@storlann.co.uk



Farpaisean
Annas a' bheairt
Criomagan
Farpais ùr
Stuthan ùra 1
Stuthan ùra 2

www.storlann.co.uk
www.anseotal.org.uk
www.gaelic4parents.com

Criomagan...

Luchd-obrach ùr

Tha Stòrlann a' cur fàilte air dithis neach-obrach ùr anns a' Ghiblean 2009. Bidh **Mòrag Nicllleathain** ag eadar-theangachadh ghoireasan-teagaisg air a' phrògram-foillseachaidh agus bidh **Áine NicCarraig** a' dealbhachadh ghoireasan. Tha Mòrag a' fuireach ann an Leòdhas, far a bheil i air a bhith an sàs ann an eadar-theangachadh do Stòrlann agus tòrr bhuidhnean eile fad iomadh bliadhna agus far a bheil i cuideachd air a bhith an sàs san sgeama GLPS. Tha Áine, a tha à Èirinn bho thùs, air iomadh duais a chosnadh airson na h-obrach aice mar neach-dealbhachaidh. Tha i a' tighinn thugainn bho dhreuchd san robh a' bhuidheann-leasachaidh foghlaim nàiseanta Ionnsachadh agus Teagasg Alba am measg nan companaidhean dhan robh i a' dèanamh obair-dealbhachaidh.



Creideas nar Cosnaichean

Shoirbhich le Stòrlann ann am Measadh trì-bliadhna **Creideas nar Cosnaichean**, a ghabh àite sa Ghearran agus san deach coimhead ri siostaman stiùiridh, taice agus ionnsachaidh na buidhne air fad, a' gabhail a-steach luchd-obrach, cunnrairean, luchd-comhairleachaidh, buill a' bhùird agus eile. Chaidh lorg gu bheil a' coileanadh nan slatan-tomhais agus gu bheil siostaman matha làidir aig a' chompanaidh airson feumalachdan leasachaidh aithneachadh agus a choileanadh. Fhuair eadhon gu sònraichte gu bheil deagh thuigse aig a h-uile duine a tha an sàs ann an obair Stòrlann air amasan a' chompanaidh, gu bheil a' cleachdadh IT ann an dòigh gu sònraichte èifeachdach agus gu bheil na daoine againn a' meas gu bheil sinn a' soirbheachadh anns na tha sinn a' dèanamh agus gu bheil iadsan a' cur ris a sin.

Tha Stòrlann a' creidsinn gu làidir ann an leasachadh leantainneach agus bithear a' coimhead ri puingean leasachaidh a bh' air an togail leis an Neach-measaidh sna mìosan ri teachd.

Bu mhat le Stòrlann taing chridheil a thoirt do **Diana Beagent**, a rinn am measadh, agus dhan a h-uile duine a bhruidhinn rithe mar phàirt den phròiseas.



CREIDEAS NAR COSNAICHEAN
INVESTOR IN PEOPLE



Seic Bhethesda ga toirt seachad

S an Dùbhlachd 2008, thug Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig seic luach **£7,235.65** do dh'Urras **Taigh-èiridinn Bhethesda** aig cruinneachadh beag ann an Steòrnabhagh. Am measg na rinn an luchd-obrach airson airgead a thogail bha 'Dihaoine Robach' agus cuairt-coise 54 mìle eadar Steòrnabhagh agus Port Rìgh. Anns an dealbh chithear **D R MacDhòmhnail** bho Bhethesda a' gabhail na seic bho luchd-obrach Stòrlann agus **Catriona Dunn**, iar-chathraiche a' Bhùird-stiùiridh.



ceum air cheum
tro na h-eileanan
2008



CUAIRT-LITIR Farrach 2009

Farpais ùr...

kar2ouche®

FARPAIS ÙR BHO STÒRLANN DO CHLASAICHEAN 4 GU 7 SA BHUN-SGOIL



Cleachd na goireasan ùra **Kar2ouche: Sgrìobhadh Cruthachail** agus **Kar2ouche: Daoine Ainmeil an Eachdraidh** bho Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig agus Immersive Education gus beò-dhealbh goirid a dhèanamh agus buannaich duais don sgoil agad – agus an cothrom am beò-dhealbh agad fhaicinn air làrach Stòrlann agus Immersive Education!

Tha sinn ag iarraidh nan stòiridhean agaibh a chluinntinn!

Buannaichidh am beò-dhealbh as fheàrr ann am beachd nam brìtheamhan cèis 'Roving Director' bho Edujam: bogsa làn stuthan airson bhidio a chlàradh gu proifeasanta. Buannaichidh an ath dhà as fheàrr cèis 'Roving Reporter' le stuth airson fuaim a chlàradh.



Feumaidh beò-dhealbhan a bhith eadar 90 diogan agus 3 mionaidean agus feumar an cur thugainn ann an riochd .mov no .K2 ro Dhihaoine 26 Ògmhios (air CD-rom, mas e ur toil e, gu Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig, 11/12 Acarsaid, Cidhe Sràid Chrombail, Steòrnabhagh, Eilean Leòdhais HS1 2DF).



Maoineachadh a bharrachd bho MhRG agus Bòrd na Gàidhlig

Tha **MRG**, a' bhuidheann eadar-roinneil a tha a' measadh mar a thathar a' cosg airgead nan Tabhartasan Sònraichte airson Foghlam Gàidhlig, air còrr is **£28 mìle** not a thoirt do Stòrlann mu choinneamh '**An t-Alltan 2009**'. Leigidh seo leinn tuilleadh stuthan a chur air a' phrògram do sgoiltean.

Thàinig àrdachadh air maoineachadh Stòrlann bho **Bhòrd na Gàidhlig** gach cuid ann an 2008-9 (**£10,000**) agus ann an 2009-10 (timcheall air **£15,000**). Leigidh seo leinn na seirbheisean againn a leudachadh agus thathar a' toirt taing do Bhòrd na Gàidhlig airson a thaise.



 **Stòrlann**
Nàiseanta na Gàidhlig

Farpaisean
Annas a' bheairt
Criomagan
Farpais ùr
Stuthan ùra 1
Stuthan ùra 2

www.storlann.co.uk
www.anseotal.org.uk
www.gaelic4parents.com



‘Droch ràith Mairead’, ‘Droch Shaoghal BJ’ agus ‘Shenanigans Shen’, Lèirmheas o Ghaseat Stèornabhaigh

An do leugh sibh leabhar a-riamh mun tuirt sibh, “Bu toigh leamsa a bhith air siud a sgrìobhadh”? Uill, tha mise dìreach air trì den leithid a leughadh – leabhraichean beaga, laghach a chaidh a sgrìobhadh le **C M NicIlinnein** do sgoilearan òga agus a chaidh fhoillseachadh le Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig. Cha b’ e sin a-mhàin, ach bha cothrom agam èisteachd ri CDan, air a bheil na leabhraichean air an leughadh gu h-ealanta le trìuir leughadairean – aon CD freagarrach do fhileantaich agus aon freagarrach do luchd-ionnsachaidh.

Tha nàdar de shnàithlean làidir, cumanta a’ ceangal nan trì leabhraichean ri chèile. Is iad na leabhraichean: “Droch Ràith Mairead”, “Shenanigans Shen!” agus “Droch Shaoghal BJ”. Tha na leabhraichean uile freagarrach do dh’òganaich a tha fileanta sa Ghàidhlig agus dhaibhsan a tha ag ionnsachadh a’ chànain – ach chòrd iad gu mòr ri aon bhodach cuideachd! Is ann goirid a tha na leabhraichean, agus cha bhiodh e



iomchaidh cus innse mu ciod a tha ann, gus nach milllear cùisean air na leughadairean.

Anns na trì leabhraichean tha Gàidhlig shiùbhlach, nàdarraich an là ‘n-diugh. Uaireannan tha i air a breacadh le facail agus le ràdhan Beurla, dìreach an seòrsa cànan a chluinneadh tu aig daoine òga.

“Tha Stòrlann ri mholadh airson an leithid fhoillseachadh ‘s a chur an clò...”

Cha chòir gum biodh leughadair mì-chofhurtail le seo, oir sin an saoghal anns a bheil sinn beò, agus chan eil feum air faclair.

Tha mac-meanmhain mhòr anns na trì leabhraichean, agus tha buill den teaghlach cheudna a’ nochdadh anna uile, ag innse mu thrioblaidean is eile, uaireannan le àbhachdas sònraichte. Tha comasan agus sgilean an ùghdair a’ nochdadh anna air fad, agus tha iad air am foillseachadh gu tlachdmhor, le deilbh

a’ cur taic chothromach ris na briathran. Agus ged is ann air òigridh a tha iad a’ bualadh, is math is fhiach do dh’ìnbhich an leughadh.

Tha “Droch Ràith Mairead” air a thoirt far comhair ann an sia eisimpleirean (mar chaibideilean beaga) air an droch ràith. Mairead bhochd! Ach tha co-fhaireachdainn againn rithe.

Caileag, agus i, na beachd-se, beò ann an saoghal doirbh pearsanta. Agus “Droch Shaoghal BJ” – chì sibh carson is e “BJ” a th’ aca air – tha an sgeulachd aigesan làn de thachartasan annasach, eadar dealan is tractar is poileas is caoraich.

Chòrd “Shenanigans Shen!” rium gu sònraichte. Tha an t-ùghdar a’ tarraing ar coise le fealla-dhà a tha air leth soirbheachail. Saoilidh mi gur e seo an leabhar as fheàrr de na trì, ach chan eil an sin ach beachd pearsanta. Is dòcha gun robh aithne againn uile air seanair chuideigin den t-seòrsa, uaireigin. Duine crosta, a rèir coltais, aig an robh deagh chomas air sgeulachdan beaga innse – agus air an dèanamh

suas cuideachd! Tha Churchill agus a’ bhanrigh a’ nochdadh an seo. Duine crosta gu dearbha.

Tha na leabhraichean uile mun aon fhaid – nas lugha na trithead duilleag. Agus tha sin gan dèanamh air leth freagarrach do dh’òigridh. Gu dearbha, cha chuir na leabhraichean seo a chadal iad, agus gheibh iad deagh thaic bho na CDan. Is ann mu dhaoine òga a tha iad air an deilbh, ged tha Shen cudromach cuideachd, agus saoilidh sinn gu bheil sin fhèin na mheadhan air gum faigh iad an deagh leughadh.

Tha Stòrlann ri mholadh airson an leithid fhoillseachadh ‘s a chur an clò, agus bithear an dòchas gun nochd tuilleadh den t-seòrsa. Bithear an dòchas cuideachd gun cluinn agus gum faic sinn mòran a bharrachd bho pheann agus bho inntinn sgileil C M NicIlinnein. Nach bochd nach robh leabhraichean Gàidhlig den t-seòrsa ann nuair bha mise òg. Mholainn iad do neach òg sam bith aig a bheil Gàidhlig, no aig a bheil ùidh sa Ghàidhlig, no tha ag ionnsachadh na Gàidhlig.

Dòmhnall Iain MacIomhair
www.stornowaygazette.co.uk

Farpaisean
Anns a’ bheairt
Criomagan
Farpais ùr
Stuthan ùra 1
Stuthan ùra 2

www.storlann.co.uk
www.anseotal.org.uk
www.gaelic4parents.com





Sgrìobhadh Cruthachail - Kar2ouche

Tha Stòrlann ann an com-pàirteachas còmhla ris na foillsichearan **Immersive Education** toilichte Sgrìobhadh Cruthachail, an dàrna tìotal a-mach à sreath **Kar2ouche**, a chur chun nan sgoiltean a dh'aithghearr. Tha gach tìotal a' gabhail a-steach taghadh farsaing de charactaran 3D, cùl-raointean, uidheaman le teasca agus faidhlean clainnneach. Cuideachd, tha gnìomhan agus planaichean leasan ann am Paca an Tìdeir.

Le Kar2ouche Sgrìobhadh Cruthachail, bidh sgoilearan a' leughadh, ag èisteachd agus a'

coimhead chlàran-sgeulachd a rinneadh mar-thà. Cleachdaidh iad caractaran, cùl-raointean, àirneis, teasca agus earrannan clainnneach gus an dreach fhèin a chur air sgeulachdan gus sgrìobhadh cruthachail a dhèanamh.

Cuidichidh sgeulachd nan Trì Mucan Beaga na sgoilearan gu bhith a' planadh agus a' sgrìobhadh sgeulachdan simplidh. Bheir Cinderella cothrom dhaibh sùil a thoirt air caractar agus plot, agus obrachadh gu h-àraidh air deagh thoiseach is deagh dheireadh do sgeulachd.

Faodaidh iad coimhead air dreachan eile de Cinderella, mar dreach à Kashmir no às an Èipheit. Bheir seo piseach air tuigse mu caractar agus suidheachadh. Faodaidh iad cuideachd na h-innealan ann an Kar2ouche a chleachdadh airson earrann eile a chur ris na sgeulachdan. Tha sgoilearan air am brosnachadh gu bhith a' planadh agus a' sgrìobhadh sgeulachdan stèidhichte air am fiosrachadh fhèin agus a' cleachdadh shuidheachaidhean air a bheil iad eòlach.

Uamh nan Cnàmhan

Le Anna Mhoireasdan agus Dòmhnall Iain Moireasdan

Tha fios aig **Ailean Dùbhghlas** gum bu chòir do neach sam bith a tha a' togail air a chois eachd anns na beanntan innse do chuideigin aig an taigh càit a bheil e a' dol agus cuin a tha e an dùil tilleadh. Tha e a' caoidh a-nis nach do rinn e fhèin sin mus tàinig e a-nuas a Chataibh a sgrùdadh nan clachan ann an **Gleann Allt nan Uamh** oir, a-nis, tha e air tuiteam agus air a chas a bhriseadh agus tha an oidhche, agus an sneachda a' tighinn.

Ged a thig cobhair bho thaobh ris nach biodh dùil, chan eil an sgeulachd aig Ailean ach air tòiseachadh oir tha e air rud a dhùsgadh, rud a th' air a bhith na chadal fad mhiltean de bhliadhnaichean anns na h-uamhan àrsaidh uaigneach...

Nobhail ùr do cheann shuas na bun-sgoile bho sgioba de dh'athair agus a nighean.



Farpaisean
Anns a' bheairt
Criomagan
Farpais ùr
Stuthan ùra 1
Stuthan ùra 2

www.storlann.co.uk
www.anseotal.org.uk
www.gaelic4parents.com

